


**Earrann A**

Here is a shopping list which was made by a group of friends who are holding a party. Read the list, and answer the questions.

Coke	dà bhotal (dà liotair gach fear)
Sùgh ubhail	dà bhotal (liotair gach fear)
Sùgh orains	trì liotairean
Brisgeanan	fichead pacайд (measgaichte)
Cofaidh	crogan (dà cheud gram)
Bainne	trì liotairean
Siùcar	cilo
Briosgaidean	cilo gu leth
Càise geal	leth-chilo
Càise gorm	leth-chilo
Tomàtothan	leth-chilo
Ìm	leth-chilo
Reòiteag	ceithir cilothan
Isbeanan	dà chilo

**Ceistean:**

1. How many litres of coke will there be altogether?
2. Which two items will be bought in packs of three litres?
3. What are “brisgeanan” and how many packets will be bought?
4. How much coffee will they buy?
5. What quantity of biscuits will they buy?
6. Which two kinds of cheese are mentioned?



## Earrann B

Here is an article written by the food writer of the Oban Times. The writer compares two restaurants in Oban. Read the article and answer the questions.

Bha mi anns an Òban air an t-seachdain sa chaidh. Ghabh mi biadh ann an dà thaigh-bìdh anns a' bhaile – Taigh-bìdh a' Bhàigh agus An Cafaidh Beag. Bha am biadh anns a' Chafaidh glè bhlasta, agus is fior thoigh leam na piotsathan aca. Bha na lusan ùr uabhasach math ann, agus chòrd am biadh rium gu mòr. Ann an Taigh-bìdh a' Bhàigh, bu thoigh leam am brot, agus bha coiridh gu math teth ann. Bha am brot na b' fheàrr ann an Taigh-bìdh a' Bhàigh na bha e anns a' Chafaidh, ach anns a' Chafaidh bha na mílsean na b' fheàrr. Bha reòiteagan uabhasach blasta ann, agus cuideachd bha páidh ubhail aca a bha sgoinneil – tha am páidh seo nas milse na páidh a dh'ith mi riagh!

Tha iasg blasta aca ann an Taigh-bìdh a' Bhàigh – sgadan, rionnach no bradan – tha iad uile nas fheàrr an seo na ann an taigh-bìdh eile san Òban. Ma tha sibh airson iasg ithe, theirigibh gu Taigh-bìdh a' Bhàigh, ach ma tha sibh ag iarraidh rud milis, 's fheàrr dhuibh a dhol don Chafaidh.

### Ceistean:

1. Give the English names of the two restaurants.
2. Which food did the writer particularly like in An Cafaidh Beag?
3. Which foods did the writer particularly like in Taigh-bìdh a' Bhàigh?
4. Which food was better in Taigh-bìdh a' Bhàigh?
5. Which food was better in An Cafaidh Beag?
6. Which restaurant should you go to if you want fish?
7. Which kinds of fish are mentioned?
8. Which restaurant should you go to if you want sweet things?

## Earrann C

You are visiting a town for the first time. You arrive in the bus station at 12 noon and look for somewhere to have lunch. You see this poster:

### Taigh-òsta Gàidhealach

Biadh math saor o dhà uair dheug gu dà uair feasgar

\*\*\*Fichead Sràid a' Phrionnsa\*\*\*

#### Càit a bheil an taigh-òsta?

Theirig sìos Rathad an Stèisein. Chì thu eaglais mhòr air do làimh dheis. Gabh an dàrna rathad gu do làimh dheis, agus an uair sin gabh a' chiad rathad gu do làimh chlì. Chì thu an taigh-òsta air do làimh dheis faisg air a' bhùth mhòr.

#### Ceistean:

1. What is being advertised?
2. What can you obtain there?
3. At what times can you get this?
4. Explain how you will find this place.



## Earrann D

While you are visiting a town for the first time, you come across the *Taigh-òsta Gàidhealach*, and go in to order some lunch. You are given the menu:

## Taigh-òsta Gàidhealach

### BIADH

Brot agus aran	2.00
Pâtè agus aran-coirce	2.50
Sùgh orains	1.50

\*\*\*\*\*

Coiridh agus rus	5.00
Feòil ròsta agus buntàta	5.50
Sailead càise	4.00

\*\*\*\*\*




Pàidh ubhail	2.50
Reòiteag agus measan	3.00
Briosgaidean agus càise	3.00

You can only afford to spend £10 on your meal, but you want to have three courses, and you hate cheese. What do you choose?

Starter: \_\_\_\_\_

Main Course: \_\_\_\_\_

Dessert: \_\_\_\_\_



## Earrann A

These are extracts from a note which was sent home for parents of S3 pupils. It gives details of what will happen on a school trip to Glasgow.  
Read the information carefully, and try to answer the questions.



### Fiosrachadh do phàrantan

Bidh Clas 3 a' falbh air an 10mh latha den Ghearran airson turas a Ghlaschu. Bidh Mgr Mac a' Ghobhainn, Mgr Caimbeul agus Ms NiclleDhuinn a' dol còmhla riutha.

- Faodaidh gach sgoilear dà bhaga a thoirt leis/leatha.
- Chan fhaod baga a bhith còrr is còig cilothan deug a chuideam.
- Feumaidh gach sgoilear obair a thoirt leis/leatha airson Beurla, Matamataig agus Gàidhlig.

#### Ceistean:

1. On which date will S3 leave for their school trip?

---

2. Which teachers are going with them?

---

3. What does the note say about the bag(s) pupils are allowed to take?

---

4. What else must pupils take with them ?

---



## Earrann B



Fàgaidh am bus an sgoil aig cairteal gu ochd, madainn Diluain, agus ruigidh sinn Glaschu mu dhà uair dheug. Faodaidh gach sgoilear suidhe ri taobh caraid air a' bhus.

Bidh sinn a' fuireach anns an Taigh-òsta Rìoghail, air Sràid na Pàirce ann an Glaschu. (Àireamh fòn: 0141 998 1234). Gheibh sinn leabaidh agus bracaist an sin. Cuiridh sinn na bagaichean air cùl an deasg anns an taigh-òsta, agus thèid sinn do na bùthan.

Feasgar Dimàirt, thèid sinn gu gèam ball-coise aig Hampden, agus an uair sin, gabhaidh sinn ar dinnear ann am McDonalds ann am Pàislig. Tillidh sinn don taigh-òsta mu dheich uairean feasgar.

## Ceistean:

1. Make a list of all the verbs which are in the future tense in the above passage.
2. Write out the meaning of each of the future tense verbs.
3. How long will the journey to Glasgow take?
4. Who are the pupils to sit beside on the bus?
5. What is the name of the Hotel they will stay in, and where is it?
6. In the Hotel, will they have:
  - a) room only
  - b) bed and breakfast
  - c) dinner, bed and breakfast?
7. Before they go to the shops, what will they do at the Hotel?
8. What is planned for Tuesday evening?
9. What will they do at about 10pm?

## Earrann C



Diciadain, bidh sinn a' tadhail air taigh-tasgaidh Kelvingrove airson dà uair a thìde – chì sinn dealbhan agus rudan eile an sin. Feasgar, cluichidh sinn ball-basgaid ann an Talla Kelvin an aghaidh Sgoil Hillpark, agus thèid sinn gu Diosgo anns an sgoil aig leth-uair an dèidh seachd. Feumaidh a h-uile duine a bhith air ais anns an taigh-òsta aig aon uair deug.

Diardaoin, fàgaidh sinn an taigh-òsta an dèidh bracaist. Stadaidh am bus aig na bùthan ann am Bruach Chluaidh, airson uair a thìde. Gheibh na sgoilearan tiodhlacan an sin airson an càirdean. Tillidh sinn dhachaigh mu leth-uair an dèidh trì feasgar.

## Ceistean:

1. Where will they go on Wednesday morning?
2. How long do they plan to stay there?
3. Name something they will see there.
4. Where will they play basketball?
5. Which school will they play against?
6. Where will the Disco take place, and what time will it start?
7. What must happen by eleven o' clock?
8. On Thursday, where will the bus stop for the shops, and for how long?
9. What can pupils buy at the shops?
10. At what time do they expect to return home?

**Earrann D**

Pupils at a school are given this information sheet on their Induction into S1 to help them find their way about the school. The sheet is designed in the form of a game where the pupil has to work out which room is which, and then fill in the subject which is taught in each of the rooms.

Look at the map, read the pieces of information, and then fill in the blank rooms on the map, giving the room number and the subject taught.

Seòmar 2 Cruinn-eòlas			
Talla Spòrs		Leabharlann	

**Shuas an staidhre**

Seòmar a' Cheannaird		An Oifis	Lab B
Seòmar Bìdh		Leabharlann	

**Shìos an staidhre**

Fàilte gu Àrd-sgoil Inbhir Àird.

Thig sibh don sgoil aig deich mionaidean gu naoi sa mhadainn, agus thèid sibh gu Seòmar 1 a h-uile latha airson clàradh. Tha Seòmar 1 shìos an staidhre eadar an Oifis agus Seòmar a' Cheannaird.

Madainn Diluain, thèid sibh gu Seòmar 6 an toiseach, airson Beurla. Gabhaibh suas an staidhre, rachaibh gu ur làimh dheis, agus chì sibh Seòmar 6 ri taobh an leabharlainn.

An uair sin, thèid sibh gu Fraingis ann an Seòmar 5, ri taobh Seòmar 6.

Aig àm pleadha, thèid sibh sìos don raon-cluiche, air taobh a-muigh Seòmar 1, agus an dèidh sin, bidh Saidheans agaibh ann an Lab A, mu choinneamh na h-Oifis.

Bidh Gàidhlig agaibh ann an Seòmar 4. Nuair a thèid sibh suas an staidhre, tha an seòmar seo air ur beulaibh eadar an Seòmar Fraingis agus an Seòmar Eachdraidh, Seòmar 3.

## Earrann D: Freagairtean

Pupils at a school are given this information sheet on their Induction into S1 to help them find their way about the school. The sheet is designed in the form of a game where the pupil has to work out which room is which, and then fill in the subject which is taught in each of the rooms.

Look at the map, read the pieces of information, and then fill in the blank rooms on the map, giving the room number and the subject taught.

Seòmar 2 Cruinn-eòlas	Seòmar 3 Eachdraidh	Seòmar 4 Gàidhlig	Seòmar 5 Fraingis
			Seòmar 6 Beurla
Talla Spòrs		Leabharlann	

**Shuas an staidhre**

Seòmar a' Cheannaird	Seòmar 1 Clàradh	An Oifis	Lab B
Seòmar Bìdh		Lab A	

**Shìos an staidhre**

Fàilte gu Àrd-sgoil Inbhir Àird.

Thig sibh don sgoil aig deich mionaidean gu naoi sa mhadainn, agus thèid sibh gu Seòmar 1 a h-uile latha airson clàradh. Tha Seòmar 1 shìos an staidhre eadar an Oifis agus Seòmar a' Cheannaird.

Madainn Diluain, thèid sibh gu Seòmar 6 an toiseach, airson Beurla. Gabhaibh suas an staidhre, rachaibh gu ur làimh dheis, agus chì sibh Seòmar 6 ri taobh an leabharlainn.

An uair sin, thèid sibh gu Fraingis ann an Seòmar 5, ri taobh Seòmar 6.

Aig àm pleadha, thèid sibh sìos don raon-cluiche, air taobh a-muigh Seòmar 1, agus an dèidh sin, bidh Saidheans agaibh ann an Lab A, mu choinneamh na h-Oifis.

Bidh Gàidhlig agaibh ann an Seòmar 4. Nuair a thèid sibh suas an staidhre, tha an seòmar seo air ur beulaibh eadar an Seòmar Fraingis agus an Seòmar Eachdraidh, Seòmar 3.

**Earrann A**

*While you are waiting in the Doctor's Surgery, you read the following notice on the Waiting Room wall:*

## **Ionad an Dotair**

**Uairean fosglaidh: Cairteal an dèidh naoi gu leth-uair an dèidh deich**  
**(A h-uile madainn ach Là na Sàbaid)**

**Leth-uair an dèidh ceithir gu leth-uair an dèidh còig**  
**(A h-uile feasgar ach Diciadain, Disathairne agus Là na Sàbaid)**

**Ceistean:**

- 1. How long does morning surgery last?**
- 

- 2. How long does afternoon surgery last?**
- 

- 3. What are the Surgery times on a Friday?**
- 

- 4. On which days is there no afternoon surgery?**
-

**Earrann B**

*While you are in the Doctor's surgery, you read a notice on the wall about a new Doctor who is joining the practice.*

Bidh Dotair Mac an Tòisich a' tighinn a dh'obair an seo aig toiseach a' Mhàirt. Bidh e ag obair an seo airson sia mìosan, agus an uair sin bidh e a' dol a dh'Obar Dheathain. Bidh e ag obair anns an Ospadal Rìoghail ann an Obar Dheathain airson bliadhna. Tha Dotair Mac an Tòisich às an Eilean Sgitheanach, agus tha Gàidhlig aige.

**Ceistean:**

1. **What is the name of the new Doctor?**

---

2. **When is he coming to work?**

---

3. **How long will he be working at the Surgery?**

---

4. **Where will he go after he leaves?**

---

4. **How long will he stay there?**

---

4. **Where does the new Doctor come from?**

---

**Earrann C**

This is an advert which appeared recently in the “West Highland Free Press”. Read it carefully and then answer the questions.

Tha Ospadal Inbhir Nis a' sireadh CLÈIREACH airson obair anns an oifis.

Bidh e/i ag obair bho ochd uairean sa mhadainn gu leth-uair an dèidh ceithir feasgar Diluain gu Dihaoine, agus aon Disathairne gach mìos.

Bidh uair a thìde aige/aice airson biadh meadhan-latha.

Feumaidh co-dhiù ceithir cuspairean-sgoile aig ìre

N4 no N5 a bhith aige/aice.

Bidh e/i a' faighinn ceithir ceud not san t-seachdain aig aois fichead.

**Ceistean:**

1. Which job is advertised?

---

2. Where will the successful applicant be working?

---

3. At what time will he/she start work in the morning?

---

4. At what time will he/she finish work?

---

5. What does the advert say about weekend work?

---

6. What are the minimum qualifications required?

---

7. What mention is made of salary?

## Earrann D

Here are some sentences about people and the jobs they do. Are they **Cearrt** (True) or **Cèàrr** (False)? If you think a sentence is **Cèàrr**, circle the mistake(s).



- a) Seo Dòmhnaill. 'S e bìcear a th' innte.
- b) Seo Fionnlagh. 'S e dotair a th' ann.
- c) Tha Màiri ag obair anns an sgoil. 'S e tidsear a th' ann.
- d) Seo Sìne. 'S e nurs a th' innte.
- e) Tha Alasdair ag obair anns a' bhaile. 'S e dràibhearr a th' innte.
- f) Seo Eilidh. 'S e rùnaire a th' ann agus tha i ag obair anns an ospadal.
- g) Tha Murchadh ag obair ann an garaids. 'S e meacanaig a th' innte.
- h) 'S e saor a tha ann an lain. Tha e ag obair ann an taighean ùra.
- i) Seo Anna. 'S e post a th' ann.
- j) 'S e dotair a th' ann an Seòras. Tha e ag obair ann an Ospadal.



**Earrann A**

Duncan is having a conversation with his mother before leaving for school. They discuss what he needs to take with him.



Màthair:	A bheil do mhàileid agad? Feumaidh tu stuth a thoirt leat airson Beurla agus Matamataig.
Donnchadh:	Tha a h-uile rud agam.
Màthair:	Ach feumaidh tu ...
Donnchadh:	Feumaidh mi leabhar airson Beurla, ach chan fheum mi dad a thoirt leam airson Matamataig an-diugh.
Màthair:	Carson nach fheum thu leabhar Matamataig a thoirt leat?
Donnchadh:	Dh'inns mi dhut – tha sinn a' dol a-mach cuairt feasgar an-diugh.
Màthair:	Feumaidh mi bruidhinn ris a' mhaighistir-sgoile. Tha sibh a-muigh às an sgoil ro thric. Feumaidh sibh a bhith anns an sgoil, oir feumaidh sibh ionnsachadh!
Donnchadh:	(A' dol a-mach) Feumaidh mi falbh!

Now answer these questions:

1. What does Duncan's mother ask him first?
2. Which one item does Duncan say he needs to take with him?
3. Why doesn't Duncan need any other books?
4. What is his mother's reaction to this?
5. What is her complaint?
6. Why does she say Duncan and his friends should be in school?
7. What is Duncan's parting remark?



**Earrann B**

This note explains what Seonag's plans are for Saturday. Read it through, and then fill in the table at the foot of the page. The first one has been done for you.



Madainn Disathairne, aig ochd uairean, tha mi a' dol a ghabhail mo bhracaist, oir feumaidh mi an taigh fhàgail tràth. Bidh mi a' falbh air a' bhus aig cairteal an dèidh naoi, agus bidh mi anns a' bhaile aig deich uairean.

Eadar deich uairean agus aon uair deug, tha mi a' dol a cheannach aodach ùr ann an River Island, agus an uair sin tha mi a' dol a ghabhail cupa cofaidh aig deich mionaidean an dèidh aon uair deug.

An dèidh sin, thèid mi gu Ceann a' Bhràigh, oir tha mi a' dol a spèileadh aig là uair dheug. Gabhaidh mi biadh aig uair ann am McDonalds, agus bidh mi a' dol dhachaigh air an trèan aig leth-uair an dèidh dhà.

Tha mi a' dol a dh'obair anns a' ghàrradh bho thrì uairean gu sia uairean, agus gabhaidh mi dinnear aig leth-uair an dèidh sia.

Tha mi-fhìn agus mo charaid Emma a' dol a dhannsa aig diosgo anns an taigh-òsta aig naoi uairean.

**Saturday**

Time \_\_\_\_\_ Plans to do \_\_\_\_\_

8.00am \_\_\_\_\_ take breakfast \_\_\_\_\_

---



---




---



---



---



**Earrann C****An Consairt**

Read Jane's account of a concert she went to recently and answer the following questions:



Nuair a chuala mi gun robh Capercaille a' dol a chluich anns an Lemon Tree ann an Obar Dheathain, bha mi airson a dhol ann. 'S toigh leam Capercaille agus tha a h-uile clàr a rinn iad agam. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil Karen NicMhathain fior mhath air seinn.

Tha mi a' fuireach ann an Obar Dheathain co-dhiù agus ghabh mi am bus gu meadhan a' bhaile an oidhche a bha Capercaille a' cluich, còmhla ri mo charaid Anna. 'S toigh le Anna an còmhlan-ciùil cuideachd. Tha an Lemon Tree faisg air meadhan a' bhaile agus choisich sinn thuige.

Dh'fhsogail na dorsan aig leth-uair an dèidh seachd agus bha mise agus Anna ann aig an uair sin le na ticeadan againn oir bha sinn ag iarraidh a bhith a' suidhe faisg air a' chòmhlan.

Thàinig Capercaille a-mach aig cairteal an dèidh naoi agus sheinn iad òrain bhon chlàr ùr aca. Tha guth brèagha aig Karen NicMhathain agus chòrd an consairt rinn glè mhath. Bha mi a' smaoineachadh gur e '*Mi le M' uilinn air mo Ghlùin'* an t-òran bu mhotha a chòrd ri um na òran sam bith eile. Còmhla ri Karen, bha Iain a' cluich na fidhle, bha Alasdair a' cluich a' mheurchlàir agus bha Aonghas a' cluich nan drumaichean.

As dèidh a' chonsairt, cheannaich mise an clàr ùr aig Capercaille agus chaidh sinn gu cafaidh anns a' bhaile airson cofaidh agus cèic. Chaidh sinn dhachaigh ann an tagsaigh a fhuair sinn air Sràid an Rìgh.

**Ceistean:**

1. Where was the Capercaille concert?
2. How did Jane feel when she heard about the concert?
3. What is Jane's opinion of the group?
4. How do we know this?
5. What does Jane think of Karen Matheson's singing?
6. Why was it easy for Jane to go to the concert?
7. Who accompanied Jane to the concert?
8. How did they get to the concert?
9. What happened at 7.30?
10. Why was Jane there so early?
11. Which songs did Capercaille sing?
12. What was Jane's opinion of '*Mi le M' uilinn air mo Ghlùin'*?
13. Which instruments were Iain, Alasdair and Aonghas playing?
14. What did Jane do after the concert?
15. Where did they get the taxi?

**Earrann A**

Here is a selection of statements about a class in *Àrd-sgoil Inbhir Àird*. Read them, and then match up the pupils with the activities they can do, in the lists below. The first one is done for you.



'S urrainn do Dhòmhnull sgrìobhadh ann an Gàidhlig.  
 Chan urrainn do dh'Iseabail snàmh.  
 'S urrainn do dh'Iain coiseachd anns na beanntan.  
 'S urrainn do Sheònaid seinn.  
 'S urrainn do Chalum ball-coise a chluich.  
 Chan urrainn do Mhàiri obair anns an sgoil.  
 'S urrainn do dh'Alastair teanas a chluich.  
 Chan urrainn do dh'Ealasaid seinn.  
 'S urrainn do dh'Ealasaid dràibheadh.  
 'S urrainn do dh'Iseabail Fraingis a bhruidhinn.  
 Chan urrainn do Sheòras ball-coise a chluich.  
 'S urrainn do Mhàiri dannsa.  
 'S urrainn do Dhonnchadh ruith.  
 'S urrainn do Sheòras snàmh.

Elizabeth

swim

Donald

play tennis

George

play football

Mary

dance

John

run

Duncan

speak French

Malcolm

sing

Isobel

walk in the hills

Alastair

write in Gaelic

Janet

drive

**Earrann B**

Here is a Gaelic advert for a house which is for sale in Islay. Your friend, who has no Gaelic, is interested in buying a house in Islay. You try to answer your friend's questions.

**TAIGH RI REIC****Cnoc an Tobair**

Taigh mòr cofhurtail faisg air baile beag, Port Ascaig, ann an ìle.  
 Tha bùthan, taigh-òsta agus oifis a' phuist mu thrì mìle air falbh.  
 Seallaidhean brèagha thairis air tràigh gheal.  
 Bhiodh an taigh freagarrach airson leabaidh is bracaist.  
 Seòmar-suidhe, seòmar-ithe agus cidsin mòr.  
 Trì seòmraichean-cadail agus rùm-ionnlaid shuas an staidhre.

- 1. Where in Islay is the house?**
- 2. How far away is the nearest village?**
- 3. What facilities are there in the village?**
- 4. What sort of view is there from the house?**
- 5. For what kind of business would the house be suitable?**
- 6. How many bedrooms are there in the house?**

**Earrann C**

A group of friends decide to give their opinions on various hobbies and activities. One of the group, Màiri, makes a note of everyone's opinions.

Read Màiri's notes, and write in English, beside the names, what their opinions are. The first one has been started for you.



Chan eil lain ag ràdh gu bheil snàmh a' còrdadh ris.  
 Tha lain a' smaoineachadh gu bheil ball-coise sgoinneil.  
 Tha Màiri a' smaoineachadh gu bheil seinn uabhasach math.  
 Tha Calum a' smaoineachadh gu bheil dannsa gòrach.  
 Chan eil Màiri ag ràdh gu bheil hocaidh inntinneach.  
 Tha Dòmhnull ag ràdh gu bheil snàmh math dhut.  
 Chan eil Donnchadh a' smaoineachadh gu bheil ball-coise math idir.  
 Tha Teàrlach a' smaoineachadh gu bheil ball-basgaid grod.  
 Tha Iseabail ag ràdh gu bheil hocaidh math.  
 Chan eil Teàrlach a' smaoineachadh gu bheil ball-coise sgoinneil.

**Mary** – singing (very good); hockey (not interesting)

**John** –

**Malcolm** –

**Donald** –

**Duncan** –

**Charles** –

**Isobel** –



**Earrann D**

*This is a letter written by Seonag, a third year pupil at Àrd-sgoil Inbhir Àird, to her friend Catriona. Read the letter, and try to answer the questions which follow.*

23 Sràid Sheòrais  
Baile lain  
Inbhir Àird  
Dimàirt, 12 An Cèitean

A Chatriona chòir,

Feumaidh mi innse dhut mu dheidhinn nan saor-làithean agam!! Tha mi-fhìn 's mo phàrantan a' dol don Spàinn anns an luchar airson cola-deug. Bidh sinn a' falbh air a' phléan, agus bidh sinn a' fuireach ann an taigh-òsta mòr brèagha ann an Torremolinos.

Tha sinn a' fàgail aig trì uairean feasgar air an dara latha den luchar, agus ruigidh sinn am port-adhair anns an Spàinn mu aon uair deug air an oidhche.

Am faod thusa tighinn còmhla rium? Tha mo mhàthair a' smaoineachadh gu bheil e ceart gu leòr, agus bidh mise toilichte cuideachd!

Faodaidh sinn snàmh anns an amar-snàmh a h-uile latha, agus bidh sinn a' cluich teanas agus a' gabhail na grèine fad na seachdain cuideachd.

Diluain, bidh sinn a' siubhal gu baile mòr air a' bhus, agus thèid sinn do na bùthan airson tiodhlacan a cheannach.

Dimàirt, tha sinn a'dol a dh'fhaicinn caisteal a tha aosta agus inntinneach.

Diciadain, tha sinn a' dol a chluich goilf ann am farpais; bidh duaisean èibhinn ann!

Chan urrainn dhomh cuimhneachadh air na rudan eile a tha sinn a' dol a dhèanamh.

Sgrìobh air ais a dh'aithghearr, agus inns dhomh gu bheil thu a' tighinn.

Le gaol,

Seonag

**Ceistean:**

1. Why is Seonag writing to her friend Catriona?
2. Give details of the holiday.
3. Where will they stay in Spain?
4. How long will the plane journey take?
5. What question does Seonag ask Catriona?
6. What does Seonag's mother think of this idea?
7. What three activities does Seonag suggest they will be taking part in all week?
8. Where will they go on the bus on Monday?
9. Describe what they will see on Tuesday.
10. What kind of competition will they enter on Wednesday?
11. What kind of prizes will there be?
12. Why does Seonag not give any more details of the holiday?
13. Why does she ask Catriona to write soon?

**Earrann A**

Read this conversation between two people at a reunion.



Murchadh: **Hallo, a Sheòrais, ciamar a tha thu?**

Seòras: **Tha gu math, tapadh leat, a Mhurchaidh.**

Murchadh: **Tha mise a' fuireach ann am Paris a-nis. Tha mi fhìn agus mo bhean ag obair an sin.**

Seòras: **Glè mhath. Tha mise a' fuireach anns an Spàinn. Tha mi ag obair ann am Barcelona.**

Murchadh: **Agus càit a bheil do bhràthair lain?**

Seòras: **O, tha esan anns na Stàitean Aonaichte. Tha e a' fuireach ann an New York còmhla ri Màiri, a bhean.**

Murchadh: **Agus a bheil thusa pòsta?**

Seòras: **Tha. Tha mo bhean, Marsaili, a' fuireach anns an Fhraing an-dràsta, oir tha i ag obair ann am Marseilles. Bidh i a' tilleadh dhachaigh a h-uile Dihaoine.**

Murchadh: **Agus a bheil do phiuthar Mòrag fhathast anns na h-Eileanan an lar?**

Seòras: **Chan eil. Chan eil i ann an Steòrnabhagh a-nis. Chaidh i a dh'fhuireach a Dhùn Èideann, far a bheil a mac, Pàdraig. A bheil do phiuthar fhèin ann an Glaschu?**

Murchadh: **Chan eil!! Chaidh ise don Òlainnd. Tha i pòsta aig Dùitseach – 's e Uilleam an t-ainm a tha air – agus tha mac agus nighean aca a-nis.**

Seòras: **Nach eil sin math! 'S e Peigi a tha oirre, nach e?**

Murchadh: **'S e. Agus 's e Alasdair a tha air a mac, agus Iseabail a tha air a nighinn. Tha Alasdair ann an Astràilia, ach thàinig Iseabail air ais a dh'Alba; tha i ann an Sruighlea a-nis.**

Seòras: **A bheil teaghlaich agaibh fhèin?**

Murchadh: **Tha dà mhac againn. Tha Eachann ag obair ann am Meagsago, agus tha Ailean a' fuireach anns an t-Suain an-dràsta. Tha e ag obair ann an companaidh ola.**

Seòras: **Bha mo bhràthair Coinneach anns an t-Suain, ach the e a-nis a' fuireach ann an Nirribhidh.**

Where do each of the following people stay?

**Ailean**

**Alasdair**

**Coinneach**

**Eachann**

**Iain**

**Iseabail**

**Màiri**

**Marsaili**

**Mòrag**

**Murchadh**

**Pàdraig**

**Peigi**

**Seòras**

**Uilleam**

Using the information in the conversation, try to draw a family tree each for Murchadh and Seòras.

## Earrann B

## Càit a bheil mi?

This is a plan of the Gaelic classroom in Àrd-sgoil an Tobair, and here are some pupils explaining where they sit. Match the numbered comments with the pupils' names.

Iain	Mòrag
------	-------

Ailean	Iseabail
--------	----------

Alasdair	Mairead
----------	---------

Tracy	Dòmhnall
-------	----------

Seònaid	Aonghas
---------	---------

Anna	Seumas
------	--------

Deasg an tidseir


- Tha mise a' suidhe air beulaibh an tidseir. Tha Aonghas ri mo thaobh, agus tha Ailean air mo chùlaibh.
- Tha Seumas air mo bheulaibh agus tha Alasdair ri mo thaobh.
- Tha mi ri taobh Iain agus tha Dòmhnall air mo bheulaibh.
- Tha mise mu choinneamh an tidseir; tha Seònaid ri mo thaobh, agus chan eil sgoilear air mo bheulaibh.
- Tha mi a' suidhe eadar Tracy agus Seònaid. Tha Mòrag air mo chùlaibh.
- Tha Aonghas air mo bheulaibh, agus tha mi eadar Ailean agus balach eile.
- Chan eil duine air mo bheulaibh, ach tha Alasdair agus Mairead air mo chùlaibh.
- Chan eil duine air mo làimh dheis; tha Dòmhnall ri mo thaobh.
- Tha mi anns an oisein. Tha Tracy agus Dòmhnall air mo bheulaibh.
- Tha mise eadar dà chaileag agus tha caileag eile air mo bheulaibh - Anna!
- Tha Mairead air mo chùlaibh agus tha Anna ri mo thaobh.
- Is mise an aon sgoilear a tha air fhàgail. Cò mi?

**Earrann C**

Here are the opinions of some pupils about their home villages. Read them, and make a note of what each person thinks.



- Mòrag: 'S toigh leam an Sàilean. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil e sàmhach agus sàbhailte. Tha mo charaidean an seo cuideachd.
- Calum: Cha toigh leam Tobar Mhoire oir tha mi a' smaoineachadh gu bheil e ro shàmhach an seo. Chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil mòran ri dhèanamh ann an Tobar Mhoire.
- Iseabail: 'S toigh leam Cille Mhoire oir tha mi a' smaoineachadh gu bheil e math a bhith fuireach ann an àite beag. Tha mo charaidean an seo, ach chan eil mòran ri dhèanamh ann.
- Dòmhnaill: Cha toigh leam Baile a' Mhanaich oir tha mi a' smaoineachadh gu bheil e beag agus chan eil dad ri dhèanamh ann. Tha e ro fhada air falbh bhon bhaile.
- Anna: Cha toigh leam Dail an Eas. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil e sàmhach agus ràsanach. Chan eil mòran thaighean ann.
- Seumas: 'S toigh leam Baile an Tobair. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil e brèagha. Tha mòran àiteachan brèagha ann, agus tha mo charaidean a' fuireach an seo cuideachd.
- Seòras: 'S toigh leam a bhith a' fuireach anns a' Phloc. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil gu leòr ri dhèanamh ann, ged a tha e beag.
- Mairead: Tha mise a' fuireach ann am Port na h-Abhainne ann an Ìle. Chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil e ro shàmhach, oir 's toigh leam àiteachan beaga. Feumaidh mi ràdh nach eil mòran ri dhèanamh ann.




**Earrann B**

Calum is preparing to go on a school trip, and is trying to pack his clothes. He can't find anything, and has to ask his mother where things are. Read the following dialogue, and make a list of exactly what Calum is taking with him, and where he will find these items. The list has been started for you.



- Calum: Tha mi airson mo gheansaidh gorm a thoirt leam. A bheil fhios agaibh càit a bheil e?
- Màthair: Chuir mi na geansaidhean agad anns a' phreas-aodaich. Nach eil iad ann?
- Calum: O, tha. Bheir mi leam trì geansaidhean air fad. Agus càit a bheil a' bhriogais dhubb agam?
- Màthair: Anns a' phreas-aodaich cuideachd. Nach eil?
- Calum: Chan eil i an sin. O, seo i air an làr! Chan eil mi a' faicinn stocainnean idir. Feumaidh mi dusan paidhir a thoirt leam.
- Màthair: Tha na stocainnean air a' bhòrd. Dh'fhàg mi an sin iad oir bha mi a' smaoineachadh gum faiceadh tu iad!
- Calum: Feumaidh mi trì lèintean. Cuiridh mi orm lèine gheal leis an t-seacaидh dhubb.
- Màthair: Tha na lèintean anns a' phreasa còmhla ris a' chòta. A bheil thu airson còta a thoirt leat?
- Calum: Chan eil. Bheir mi leam dà sheacaïd – an tè bhuidhe agus an tè dhubb. Seo an tè bhuidhe air an leabaidh, agus tha an t-seacaïd dhubb fon leabaidh!

Item of clothing	Location
3 jumpers (one blue)	in the wardrobe



**Earrann C**

Here are descriptions of famous people at the Oscars' ceremony in Hollywood. Write them out in English.

**Na h-Oscars****Gwyneth Paltrow:**

A-nochd tha dreasa dearg le muinichillean fada air Gwyneth. Còmhla ris an dreasa, tha brògan àrda airgid oirre. Tha seacaid airgid oirre cuideachd.

**Woody Allen:**

Tha 'tuxedo' air Woody a-nochd, coltach ris na fir eile.

**Cameron Diaz:**

Tha deise bhrèagha dhubb air Cameron a-nochd. Fon deise tha blobhsa bhuidhe le putain dhubha oirre. Cuideachd, tha ad bhuidhe oirre.

**Jennifer Connolly:**

Tha dreasa fada uaine air Jennifer. Air an dreasa, tha dealbhan neònach dubha, agus crios mòr dubh.

**Halle Berry:**

Bhuannaich Halle Oscar airson a' bhana-actair as fheàrr a-nochd. Tha dreasa bòidheach goirid oirre. Tha an dreasa geal, le crios òir.

**Denzel Washington:**

Tha 'tuxedo' air Denzel cuideachd. Bhuannaich esan an t-Oscar airson an actair as fheàrr.

## Earrann A

**Geamannan Gàidhealach  
anns a' phàirc**

# DISATHAIRNE 20 IUCHAR

**Bidh a h-uile seòrsa spòrs ann:**  
**leum-àrd; leum-thada; coiseachd; losgadh**  
**air targaid; ruith; iomain; lùth-chleasan**

agus bidh Dannsa Gàidhealach agus  
Dannsa Èireannach ann cuideachd

Bidh Còmhlan Phòbairean a' cluich feadh an latha

A' tòiseachadh: 11.00 sa mhadainn

**A' sgur: 5.00 feasgar**

Pris: Inbhich: Còig notaichean; Clann: Trì notaichean

**Bidh Cèilidh agus Dannsa anns an talla aig  
ochd uairean feasgar, leis a' chòmhlan**

**Na Seilcheagan**

**Pris: Ceithir notaichean**




This is a poster for an event taking place in the village. Try to answer the questions.

**Ceistean:**

1. What event is advertised here?
2. Where will it take place?
3. Give the day and date of the event.
4. Name six sports which will take place.
5. Which two kinds of dancing will be on display?
6. What time does the event start?
7. What time does it finish?
8. How much is the admission price a) for adults?  
b) for children?
9. Where and when will the Ceilidh and Dance take place?
10. What does the band's name mean?
11. How much is the admission to the Ceilidh and Dance?

## Earrann B

The local Highland Games have taken place, and the Prize-giving is now underway. The President is announcing the winners in each competition. This is part of the Prize List:

### NA DUAISEAN

Dannsa Gàidhealach: A' chiad duais: Mòrag Chaimbeul  
An dàrna duais: Iain MacDhùghaill  
An treas duais: Màiri Stiùbhart

Dannsa Èireannach: A' chiad duais: Iain MacDhùghaill  
An dàrna duais: Màiri NicNeacail  
An treas duais: Anna Nic a' Ghobhainn

Leum-fhada: A' chiad duais: (Ceithir meatairean gu leth) Murchadh MacIII Eathain  
An dàrna duais: (Ceithir m. ochd-deug cm) Seumas Grannd  
An treas duais: (Trì m. 90 cm) Tormod Dòmhnullach

### Ceistean:

1. Which two prizes were won by Iain MacDougal?
2. Who won the Highland Dancing Competition?
3. Which prize did Anne Smith win?
4. Who was second in the Irish Dancing?
5. Who achieved 3 metres and 90 centimetres in the long jump?
6. Who won the long jump?
7. What was the winning jump?

**Earrann C**

*On the evening of the Highland Games, the committee have organised a ceilidh and dance. The President acts as Fear an Taighe at the ceilidh. Here is part of his speech:*



Feasgar math, a chàirdean. Tha mi toilichte ur faicinn an seo a-nochd, agus tha mi an dòchas gun còrd an cèilidh ribh uile. Ma bhios duine sam bith anns an talla airson pàirt a ghabhail anns a' chèilidh, bruidhinn ri fear no tè air a' chomataidh. Tha seinneadairean agus cluicheadairean math againn sa bhaile, agus tha mi an dòchas gun cluinn sinn cuid dhiubh a-nochd.

Anns a' chiad àite, tha sinn a' dol a chluinntinn nighean òg a bhuanach duais aig a' Mhòd an-uiridh – Catriona NicDhonnchaidh. Siuthad, a Chatriona!

**Ceistean:**

1. Why is the President pleased?
2. What does he wish for the evening?
3. If anyone wants to take part, what does he suggest they do?
4. Who does he hope to hear at the ceilidh?
5. What is the first item on the programme? Give as many details as you can.

*The President continues ....*



Cluinnidh sinn Catriona a-rithist anns an làrnach leth. Ach an-dràsta seo am piobaire as fheàrr ann an Alba – Dòmhnaill MacLeod!

Às dèidh sin, ma bhios sibh airson ticeadan a cheannach airson a' chrannchuir, bidh iad rin reic aig an doras. Nuair a chrìochnaicheas an cèilidh, bidh an dannsa a' tòiseachadh aig leth-uair an dèidh deich.

**Ceistean:**

6. Who is next on the programme, and how is he described?
7. What will be happening after this item?
8. After the Ceilidh ends, what will happen, and when?

**Earrann A**

The Campbell family are going to town for a day out. The children, Kerry, 6 and Tom, 9, are very excited. Their mother tries to calm them down!

Read the following, and answer the questions after each section.



Tòmas: **A Mhamaidh, a Mhamaidh, am faod mi reòiteag a cheannach anns a' bhaile?**

Mamaidh: **Faodaidh, a ghràidh, ma bhios tu modhail.**

Kerry: **Ma bhios mise modhail, am faod mi biadh fhaighinn nuair a ruigeas sinn am baile?**

Dadaidh: **Faodaidh, ach feumaidh an dithis agaibh a bhith sàmhach an-dràsta, oir feumaidh sinn ticeadan a cheannach airson an trèana.**

**Ceistean:**

1. **What is Tom's question to his mother?**
2. **Does his mother agree to his request?**
3. **What condition does she make?**
4. **What is Kerry's question to her father?**
5. **Why does her father ask them both to be quiet?**



Kerry: **Ciamar a bhios sibh a' ceannach nan ticeadan?**

Mamaidh: **Uill, ma chuireas tu airgead anns an inneal seo, agus ma phutas tu am putan sin, gheibh thu ticead às an inneal.**

Dadaidh: **Nuair a ruigeas sinn am baile, feumaidh mi a dhol don bhanca airson airgead.**

Mamaidh: **Agus ma chosgas sinn an t-airgead air fad, feumaidh sinn a dhol dhachaigh!**

Tòmas: **A bheil airgead gu leòr agad airson reòiteag?**

**Ceistean:**

6. **Explain in English how to buy a train ticket.**
7. **What must Dad do when they arrive in town?**
8. **What does Mum say they must do if they spend all their money?**

**Earrann B**

*The Campbell family is in town to do some shopping. Dad is giving the children some advice.*

*Read the following, and answer the questions after each section.*



Dadaidh: Nuair a thig sinn a-mach às an stèisean, feumaidh sinn stad air a' chabhsair.

Kerry: Carson?

Dadaidh: Seallaibh air na solais. Ma bhios an duine beag dearg ri fhaicinn, feumaidh sibh feitheamh. Nuair a chì sibh an duine beag uaine, faodaidh sibh coiseachd tarsainn an rathaid.

Kerry: Nach eil an rathad trang! Seall na càraichean! Càit a bheil a h-uile duine a' dol?

**Ceistean:**

8. What is Dad's first instruction?
9. When must they wait?
10. When are they allowed to walk across the road?
11. What is Kerry's question at the end of this section?



Mamaidh: Seo am banca. Nach eil thu airson airgead a thoirt a-mach?

Dadaidh: O, tha. Ciamar a tha an rud seo ag obrachadh?

Mamaidh: Ma chuireas tu do chait a-steach, feumaidh tu an uair sin an àireamh agad a chur a-steach leis na putain sin.

Dadaidh: Rinn mi mar a dh'iarr thu orm. Dè eile?

Mamaidh: Feumaidh tu taghadh na tha thu ag iarraidh. Fichead not, no ceud not...

Dadaidh: Ceart gu leòr! Seo an t-airgead a' tighinn a-mach.

Tòmas: Am faod mi reòiteag fhaighinn a-nis?

Dadaidh: Ma bhios tu modhail.

**Ceistean:**

12. What question does Dad ask when they reach the bank?
13. What are Mum's three instructions to Dad regarding the cash machine?
14. What is Tom's question, and Dad's answer?

**Earrann C**

Mairead has invited her friend Seònaid to her home. Seònaid has never been before, and Mairead writes her a letter.

3 Na Croitean  
Bail' a' Mhanaich  
Beinn nam Faoghla  
Uibhist

20 An t-Ògmhios

A Sheònaid chòir,

Tha mi cho toilichte gu bheil do mhàthair ag ràdh gum faod thu tighinn a dh'fhuireach còmhla rinn airson seachdain anns na saor-làithean! Feumaidh mi innse dhut ciamar a lorgas tu an taigh againn.

Nuair a ruigeas am bàta Uibhist, thig i a-steach gu cidhe Loch nam Madadh. Feumaidh tu an uair sin sealltann airson an taigh-òsta. Bidh bus Beinn nam Faoghla a' fàgail an taigh-òsta a h-uile latha aig leth-uair an dèidh dà uair dheug.

Nuair a ruigeas am bus Bail' a' Mhanaich, stadaidh e aig a' Bhanca Rìoghail, agus thig thusa far a' bhus an sin. Feumaidh tu a dhol suas Rathad a' Bhanca gus an ruig thu Sràid na Sgoile. Theirig sìos Sràid na Sgoile, agus gabh an dàrna rathad gu do làimh dheis. 'S e sin Na Croitean. Ma sheallas tu gu do làimh chlì, chì thu an eaglais agus taigh mòr geal ri a taobh. Ma ghnogas tu air doras an taighe, thig mise chun an dorais!

Tha mi an dòchas gum bi turas math agad, agus chì mi thu Dimàirt!

Le gaol,

Mairead

**Ceistean:**

- 1. What is Mairead's address?**
- 2. For how long is Seònaid coming to stay?**
- 3. What is Mairead's reason for writing the letter?**
- 4. Where does the boat come in?**
- 5. What must Seònaid do first after coming off the boat?**
- 6. Where does the bus leave from, and at what time?**
- 7. Where must Seònaid get off the bus?**
- 8. What is the first thing Seònaid must do after she gets off the bus?**
- 9. Which two instructions are included in the sentence beginning: "Theirig sìos..."**
- 10. In which direction must Seònaid look after she reaches Na Croitean?**
- 11. Which two buildings will she see?**
- 12. What hope does Mairead express?**
- 13. On which day of the week will Seònaid arrive?**